

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

X229/301

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Ceistean)

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

Scottish candidate number

| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

Number of seat

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaid.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.



Roinn A: Èisteachd (Listening)

Ùine: 40 mionaid

Comharraidhean

CEISTEAN

1. Dè an rud cudromach a tha air innse dhuinn mun t-sluagh Maori aig toiseach na h-earrainn?

2

2. Dè an staid anns an robh, agus anns a bheil, cànan nam Maori?

2

3. Dè a tha *haka*, am facal aca airson dannsa, a' ciallachadh gu litireil?

2

4. Dè an seòrsa dòigh-beatha às an do dh'èirich an *haka*?

2

5. Dè na rudan anns an *haka*, a bharrachd air an leum aig an deireadh, a bha airson eagal a chur air nàimhdean?

3

6. Dè a tha cudromach mun leum anns an *haka*?

3

7. (a) A rèir beul-aithris, cuin a thòisich an *haka*?
- _____
- _____
- 2
- (b) Dè a' phàirt dhen dannsa a tha a' sealltainn seo?
- _____
- _____
- 2
8. Carson a tha an *haka* cho prìseil dha na Maori?
- _____
- _____
- 2
9. Carson a dh'fheuch na miseanaraidhean ri stad a chur air?
- _____
- _____
- 2
10. (a) Ainmich aon dòigh anns a bheil cuimhne air a ghlèidheadh air na seann chleachdaidhean Maori.
- _____
- _____
- 1
- (b) Ainmich trì àitichean sa bheil *haka* air a theagasg.
- _____
- _____
- _____
- _____
- 3
11. Cò a rinn an *haka* 'Ka mate!' a bhios sinn a' faicinn aig geamannan rugbaidh nan 'All Blacks' – agus carson?
- _____
- _____
- 2

[Tionndaidh an duilleag

Comharraidhean

12. Ciamar a tha cuid a' feuchainn ri *haka* a chumail beò ann an Sealan Nuadh an latha an-diugh?

2
(30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

X229/302

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
1.00 PM – 1.40 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE
Roinn A: Èisteachd (Earrann)

Chan fhaod oileanach sam bith am pàipear seo fhaicinn.

Ri fhosgladh leis an tidsear nuair gheibhear am pàipear.



STIÙIREADH DON TIDSEAR

MA THA AN EARRANN RI LEUGHADH A-MACH

1. **Bu chòir feum a dhèanamh de na deich mionaidean mus tòisich an deuchainn airson eòlas mionaideach fhaighinn air an earrainn. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàirteachadh ris na sgoilearan.**

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Leughaibh an earrann a-mach, a' bruidhinn gu soilleir agus gu nàdarra agus gun barrachd air ceithir mionaidean a ghabhail ris an leughadh. Na mìnichibh dad le ur làmhan, le fiamh aodainn no eile.**

[A' CHIAD LEUGHADH DEN EARRAINN]

4. **Canaibh ris na sgoilearan:**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

5. **Fanaibh 2 mhionaid, agus an uair sin leughaibh an earrann an dàrna uair, anns an aon dòigh san do leugh sibh i cheana agus a' gabhail a cheart uiread ùine.**

[AN DÀRNA LEUGHADH DEN EARRAINN]

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

STIÙIREADH DON TIDSEAR MA CHLUICHEAR AN CD

1. Tha an earrann air a clàradh dà thuras. Chan fhaic sibh na ceistean a tha rim freagairt agus chan fhaod sibh susbaint na deuchainn a chompàrteachadh ris na sgoilearan.

2. **Aig toiseach na deuchainn, canaibh ris na sgoilearan:**

Bidh 40 mionaidean agaibh airson na deuchainn. Tionndaidhibh ur pàipearan ceasnachaidh. Faodaidh sibh notaichean a dhèanamh aig àm sam bith rè na deuchainn.

3. **Tòisichibh an t-inneal.**

[A' CHIAD CHLUICH DEN EARRAINN]

4. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, canaibh ris na sgoilearan**

Tha 2 mhionaid agaibh airson coimhead air na ceistean.

(Na cuiribh air ais an CD.)

[CLUICH DEN EARRAINN]

5. **Nuair a chluinneas sibh na facail “crìoch na h-earrainn”, stadaibh an t-inneal.**

6. **Canaibh ris na sgoilearan:**

A-nis sgrìobhaibh ur freagairtean.

7. **An sin fàgaibh an rùm. Chan fhaod sibh pàipear sam bith a thoirt leibh.**

EARRANN

'S e an sluagh Maori a' chiad dhaoine a bha a' còmhnaidh anns an dùthaich ris an can sinn an-diugh Sealan Nuadh. Tha an cànan fhèin aca, a bha an impis a dhol à bith aig aon àm ach a tha nise air ath-bheothachadh gu mòr. Tha cultar farsaing a' dol leis a' chànan Maori, a' gabhail a-steach creideamh, ceòl agus dannsa. Tha dannsa – no *haka* mar a chanas na Maori ris – na phàirt air leth cudromach dhen chultar aca.

Tha *haka* gu litireil a' ciallachadh 'anail theinnteach' agus tha coltas air leth fiadhaich air na dannsairean gun teagamh. Anns na seann làithean bha tòrr de chinnidhean air leth am measg nam Maori agus bhiodh iad tric a' sabaid ri chèile airson talamh. Bha an *haka* a' gabhail àite nuair a bhiodh dà chinneadh a' tighinn còmhla, fiù 's ged a bhiodh iad càirdeil. Bha an *haka* na rabhadh do chàch gun robh iad deiseil gus sabaid airson an còrichean nam biodh feum air.

Tha na gluasadan fiadhaich aig na dannsairean agus na caran a bhios iad a' cur nan aodann air an ciallachadh airson an t-eagal a chur air nàimhdean. Bidh iad cuideachd a' cur a-mach an teanga ach 's e fireannaich a-mhàin a bhios a' dèanamh sin. Ann an aon seòrsa *haka*, bidh na fir a' leum dhan èadhar le èigh mhòr. Mura leum iad uile aig an aon àm, tha sin air fhaicinn mar dhroch chomharra.

A rèir beul-aithris nam Maori, thòisich an *haka* nuair a rugadh Tanerore, nighean do bhan-dia an t-Samhraidh. Mar sin, nuair a chò sinn dannsairean na *haka* a' crathadh an corragan anns an èadhar, tha sin a' riochdachadh solas na grèine air an talamh air latha samhraidh.

Tha na Maori a' coimhead air na dannsaichean mar dhualchas prìseil a tha a' giùlan spioradan an athraichean. Tha na dannsaichean agus na h-òrain a tha dol leotha gan ceangal ris na h-athraichean agus ris an talamh. Nuair a thàinig na miseanaraidhean Crìosdail gu Sealan Nuadh, dh'fheuch iad ri cur às dhan *haka* oir bha iad a' faireachdainn gun robh e a' brosnachadh nam Maori gu còmhstri. Chaidh cuid de na dannsaichean a-mach à bith aig an àm sin ach chùm mòran dhiubh a' dol chun an latha an-diugh.

Chan eil cogaidhean ann eadar na cinnidhean Maori an-diugh, no fada ron a seo, ach tha fèisean agus co-fharpaisean ann a tha a' cumail nan seann chleachdaidhean air chuimhne. Tha *haka* a-nise air a theagasg anns na sgoiltean, anns na taighean-cèilidh thraidiseanta aig na Maori, anns an arm agus fiù 's anns an oilthigh.

Tha Sealan Nuadh air fad a-nise air gabhail ris an *haka* mar shuaicheantas air an dùthaich gu lèir. Bidh an sgioba rugbaidh cliùiteach aca, na 'All Blacks', mar eisimpleir, a' dèanamh *haka* ainmeil ris an canar *Ka mate! Ka mate!* mas cluich iad. Chaidh *Ka mate! Ka mate!* a dhèanamh còrr is ceud bliadhna air ais le ceann-cinnidh an dèidh dha faighinn às beò o a nàimhdean.

Tha cuid a' feuchainn ri *haka* a chur còmhla ri ballet gus dannsaichean ùr a chruthachadh airson an dualchas a chumail beò ann an Sealan Nuadh an latha an-diugh.

[CRÌOCH NA H-EARRAINN]

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

FOR OFFICIAL USE

| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|

X229/303

TEISTEANAIS
NÀISEANTA
2008

FRIDAY, 30 MAY
2.00 PM – 4.00 PM

GÀIDHLIG
AN ÀRD ÌRE

Roinn B(i): Leughadh
Roinn B(ii): Sgrìobhadh
Roinn B(iii): Litreachas

Fill in these boxes and read what is printed below.

Full name of centre

Town

Forename(s)

Surname

Date of birth

Day Month Year

| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

Scottish candidate number

| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|
| | | | | | | | | | |
|--|--|--|--|--|--|--|--|--|--|

Number of seat

Na fosgail am pàipear cheist seo gus an tèid iarraidh ort.

Tha ceithir roinnean cheistean anns an deuchainn seo. Bu chòir dhut feuchainn air na ceithir roinnean.

An dèidh dhut Roinn A a dhèanamh—Èisteachd—fàgaidh tu an rùm deuchainn gus d' anail a ghabhail airson fichead mionaidean.

An dèidh na h-ùine sin, bidh **dà** uair agad airson Roinnean B(i)–B(iii) a fhreagairt.

Fàg ùine gu lèor airson gach earrann an chrìochnachadh.



Leugh an sgeulachd agus freagair nad chainnt fhèin na ceistean a tha ga leantainn.

AN SNAIDHPEAR

'S e snaidhpear a bh' ann, fear gunna. Cha leig sinn a leas ainm a chur air. Oir bha e ga fhalach fhèin co-dhiù. Bhiodh e na shuidhe ann an craoibh agus bhiodh e a' cuimseachadh a' ghumna air an drochaid mhòr, a bha shìos fodha ach pìos math air falbh. Nam faiceadh e saighdear bhon arm eile bhiodh e feuchainn ri mharbhadh. Chaidh a theaghlach fhèin a mharbhadh, a mhac a bha dà bhliadhna dheug 's a bhean. Bhiodh droch nàdar ga lionadh fad na tìde.

Bha àm ann a bhiodh daoine is boireannaich a' dannsa air an drochaid ud. Bhiodh fear a' cluiche accordion agus bhiodh an dannsa a' dol air adhart air an oidhche 's a' ghealach anns an adhar. Ach a-nise bha fòirneart air feadh na dùthcha.

Bha e faireachdainn uabhasach aonranach a-nise. Leis an fhìrinn innse cha robh caraidean aige. Cha robh miann còmhraidh idir air. Bhiodh e na shuidhe anns a' chraoibh a' bruarad air a mhnaoi 's air a mhac. Mar a bhiodh e toirt a mhic a chluich air ball-coise.

Anns na làithean sin cha b' e saighdear a bh' ann idir. 'S e fear a bh' ann a bhiodh a' peantadh thaighean. Bhiodh a mhac uaireannan a' tighinn còmhla ris. Cha robh e ach dà bhliadhna dheug nuair a chaidh a mharbhadh. Dhùin e a shùilean leis a' phian.

Bha duilleagan nan craobh air fàs tiugh. Air an adhbhar sin chan fhaiceadh duine e. Uaireannan bhiodh e a' sealltainn suas dhan adhar far am faiceadh e an-dràsta 's a-rithist plèanaichean cogaidh, a' fàgail sreath gheal às an dèidh.

Chunnaic e balach le peile a' dol tarsainn air an drochaid. Thog e an gunna air a ghualainn ach mus d' fhuair e air cuimseachadh air bha am balach air a dhol seachad. Bhiodh am balach mu aois a mhic fhèin. Thàinig an droch nàdar air ais a-rithist. Bha am balach seo beò 's bha a mhac fhèin marbh. Cha robh sin ceart. Bha am balach a' dol air tòir uisge anns an tobar le peile buidhe. Bha geansaidh dearg air. Chunnaic e e cho soilleir ri càil.

Bha na duilleagan ùr agus uaine. 'S e an t-earrach a bh' ann. Bha an saoghal ga ùrachadh fhèin. Ach, air an latha earraich ud, cha robh e a' cluinntinn ach na gunnathan. Cha robh aon duine anns an arm a bha cho cinnteach leis a' ghumna. Nuair a bha e na pheantair cha robh fhios aige gun robh an tàlant ud aige. Is ann a bha e ga shamhlachadh fhèin ri seabhag ann an craoibh. Seabhag shearbh, chinnteach.

Agus anns a' mhionaid sin thàinig am balach air ais. Bha e na bu shlaodaiche a-nise oir bha am peile aige làn bùirn. 'S cha b' urrainn dha crùbadh a-nise. 'S dòcha gun robh iad a' smaoinachadh nach toireadh an snaidhpear ionnsaigh air balach.

“Carson a chuir iad a-mach thu?” dh'èigh e na inntinn ris a' bhalach.

Bha gach nì a' tachairt cho slaodach mar gum biodh an saoghal air stad. Bha fhios aige, mar shaighdear, nam marbhadh e am balach gum biodh e air atharrachadh mòr a dhèanamh. Cha deidheadh e air ais a-chaidh gu bhith na pheantair thaighean.

Ach aig a' cheart àm bha e a' faireachdainn cho droch-nàdarrach. Bha an saoghal mar gum biodh dearg air a bheulaibh, cho dearg ris a' gheansaidh a bha air a' bhalach.

A-nise bha e dol a bhruthadh an trigeir. Bha am balach air am peile a chur sìos. Thug an snaidhpear sùil air an uaireadair aige. Bha e beagan an dèidh aon uair deug. Agus anns a' mhionaid thionndaidh am balach ris 's e a' fosgladh a ghàirdeanan. 'S dè bh' air ach aodann a mhic fhèin.

Agus e a' caitheamh na h-anaraig uaine a chleachd a bhith air. 'S e a mhac fhèin a bh' ann, 's bha fhios aige nam marbhadh e am balach gum marbhadh e a mhac a-rithist. Bha an gunna air chrith na làmhan. 'S an drochaid fodha. Agus a mhac a' coiseachd 's a' coimhead ris. 'S am peile bùirn ri thaobh.

“Mo mhac, mo mhac!” dh'èigh e às dèidh greis. Ach cha robh duine ri fhaicinn a-nise. Bha an drochaid falamh. Bha a chorp a' sruthadh le fallas 's bha deòir na shùilean.

Thàinig isean agus shuidh e anns a' chraoibh anns an robh e. Isean beag donn. Bha an t-isean a' gluasad an siud 's an seo. Bha an t-earrach ann. Bhiodh iad a' togail neadan.

Thàinig e sìos às a' chraoibh. Fodha air an talamh chunnaic e seangain nan deann a' ruith an siud 's an seo. Dh'fheuch e gun seasamh orra.

Thionndaidh e air falbh on chraoibh. Bha e dol a leigeil seachad dreuchd snaidhpeir. Bha e faireachdainn an droch nàdar ga fhàgail. Shad e an gunna air falbh 's thòisich e a' coiseachd.

Bha e faireachdainn cho aotrom, cho aotrom ris na duilleagan uaine, cho aotrom ris an eun a bha a-nise na shuidhe air a' ghèig. Cho aotrom ris an earrach. Mar gum biodh e dol a thòiseachadh às ùr. As aonais a' ghunna. A' dol a thòiseachadh às ùr air latha earraich.

Stèidhte air an sgeulachd, 'Ann am Bosnia' le Iain Mac a' Ghobhainn
[Seallaidhean Sùla, Acair, 1996]

[Seabhag – eun-creachaidh a bhios a' marbhadh bheathaichean beaga agus eòin eile.]

[Tionndaidh an duilleag

CEISTEAN

1. Dè a tha air tachairt ron seo ann am beatha phearsanta an snaidhpeir agus ciamar a tha e a' faireachdainn mun seo?

2

2. Carson a tha thu a' smaoinichadh nach eil an snaidhpeir air ainmeachadh?

2

3. (a) Ciamar a dh'atharraich suidheachadh na drochaid thairis air na bliadhnaichean?

2

- (b) Dè na rudan a dh'atharraich ann am beatha an snaidhpeir?

4

4. Tha e air innse dhuinn gu bheil duilleagan na craoibhe “a’ fàs tiugh” agus, paragraf no dhà às dèidh sin, gu bheil iad “ùr agus uaine”. Tha an dà ìomhaigh sin a’ samhlachadh dà rud glè eadar-dhealaichte o chèile. Innis dè na rudan a tha sin.

2

5. Dè na dòighean anns a bheil an snaidhpear coltach ris an eun-creachaidh, an t-seabhag?

2

6. Saoil carson a dhèanadh e atharrachadh mòr nam marbhadh e am balach?

3

7. Tha dathan air an ainmeachadh tric anns an sgeulachd.

- (a) Carson a bhiodh an snaidhpear a’ smaoinichadh mar seo, na do bheachd?

1

- (b) Dè a tha thu a’ smaoinichadh a tha dearg a’ samhlachadh anns an t-seantans a’ tòiseachadh, “Bha an saoghal mar gum biodh dearg air a bheulaibh...”?

2

8. Dè a tha an t-isean beag donn agus an nead a tha e a' dèanamh a' samhlachadh, na do bheachd?

3

9. Tha an snaidhpear a' feuchainn gun seasamh orra. Dè tha sin a' sealltainn dhuinn a thaobh mar a tha an snaidhpear air atharrachadh?

3

10. (a) Dè a rinn an snaidhpear nuair a thàinig e a-nuas on chraoibh?

2

- (b) Ciamar a tha e a' faireachdainn a-nise agus carson?

2

(30)

Sgrìobh air AON de na cuspairean a leanas.

1. **Aonranas.** Sgrìobh mun chuspair seo, ann an dòigh sam bith a thogras tu. **(30)**
2. Tha na sgoiltean a' cosg cus tìde ag ionnsachadh dhuinn rudan mar algebra air nach bi feum againn a-chaidh an àite sgilean feumail leithid draibheadh. Thoir do bheachd air a' chuspair seo, a' cur gach taobh dhen argamaid. **(30)**
3. Thoir cunntas air caractar mì-àbhaisteach, a' toirt dealbh mhionaideach air a choltas agus na rudan a bhios e a' dèanamh agus a' ràdh. **(30)**
4. *An rud nach buin dhut na buin dha*
Sgrìobh sgeulachd ghoirid mun t-seanfhalac seo.
No
Ged a dh'ionnsaich mi tòrr o na thachair dhomh an latha ud, cha bu toigh leam a dhol troimhe a-rithist.
Sgrìobh sgeulachd ghoirid a' crìochnachadh leis an t-seantans seo. **(30)**
5. Saoghal teicneòlais anns an àm ri teachd. **(30)**

[Tionndaidh an duilleag

Freagair AON cheist:

ROSG (Prose)

1. Tagh pìos de rosg (nobhail, sgeulachd ghoirid, aiste). Innis mun dòigh a tha am pìos sgrìobhaidh air a chur ri chèile, ceum air cheum, airson amas an sgrìobhaiche a choileanadh.
Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air: structar, amas, stoidhle is nithean iomchaidh eile. (30)
2. Tagh nobhail no sgeulachd ghoirid anns a bheil caractar sònraichte air a chur far comhair. Innis mar a tha an t-ùghdar a' toirt dealbh dhuinn air coltas agus nàdar a charactair agus a' bhuidh a bha aige anns an sgeulachd.
Nad fhreagairt faodaidh tu bualadh air tuairisgeul, plot, còmhradh no nithean iomchaidh eile. (30)
3. Tagh sgeulachd ghoirid anns a bheil tòrr feum air a dhèanamh de ìomhaighean gus brìgh na sgeulachd a chur an cèill. Thoir cunntas mionaideach air mar a tha an dòigh sgrìobhaidh seo ag obrachadh anns an sgeulachd seo. (30)

BÀRDACHD (Poetry)

4. Tagh dà phios bàrdachd a tha a' dèiligeadh ris an aon chuspair—m.e. gaol, an cuan—ann an diofar dhòighean. Seall dè na dòighean anns a bheil iad *coltach* agus *aocoltach* ri chèile.
Faodaidh tu tarraing a thoirt air nòs-ùr no traidiseanta—stoidhle no structar nad fhreagairt. (30)
5. Tagh aon phios bàrdachd anns a bheil tòrr feum air a dhèanamh de ìomhaighean agus samhlaidhean gus brìgh na bàrdachd a chur an cèill. Thoir cunntas mionaideach air an dàn airson sealltainn mar tha am bàrd air sin a dhèanamh. Nad fhreagairt feumaidh tu cumail gu dlùth ris an teacs. (30)
6. Tagh bàrd is toil leat agus innis beagan mun bhàrd fhèin agus beagan mu na cuspairean air am bi e/i ri bàrdachd. Thoir cunntas air an dà phios bàrdachd a b' fheàrr a chòrd riut fhèin bhon bhàrd is mìnich na tha e/i ag ràdh annta. (30)

[CRÌOCH A' PHÀIPEIR]

ACKNOWLEDGEMENTS

Reading/Writing/Literature—The text *An Snaidhpear* is from *Ann am Bosnia* by Iain Mac a' Ghobhainn (Iain Crichton Smith). Taken from *Seallaidhean Sìla* by Iain Crichton Smith. Reproduced by kind permission of Acair Ltd.

[DUILLEAG FHALAMH]

[DUILLEAG FHALAMH]

MARKER'S GRID

| | |
|------------------|-----------------|
| Candidate Name | |
| Candidate Number | |
| Section A | Èisteachd / 30 |
| Section B(i) | Leughadh / 30 |
| B(ii) | Sgrìobhadh / 30 |
| B(iii) | Litreachas / 30 |
| Total | 120 |